

# NÒSAN NÀISEANTA

## Fòram Nàiseanta nam Pàrant an Alba Geàrr-chunntas Gàidhlig Nàiseanta 5

Tha an cùrsa seo freagarrach do fhileantaich agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a tha air a dhol tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

GÀIDHLIG  
CÀNANAN

NÀISEANTA

5

2

AONADAN

MION-SGRÙDADH AGUS LUACHADH  
CRUTHACHADH AGUS DÈANAMH

+  
MEASADH  
CÙRSA

MEASADH CÙRSA: DÀ PHÀIPEAR-DEUCHAINN + OBAIR GNÌOMH

## Dè na sgilean a gheibh an leanabh agam?

- leughadh, èisteachd, labhairt agus sgrìobhadh sa Ghàidhlig, iomchaidh airson adhbhar agus luchd-amais
- a' tuigse, a' mion-sgrùdadh agus a' luachadh teacsaichean fillte ann an co-theacsaichean eadar-dhealaichte
- a' cruthachadh agus ag ullachadh teacsaichean fillte ann an raon de cho-theacsan, cuid air a bheilear eòlach agus cuid air nach eilear eòlach
- a' planadh, a' rannsachadh, a' ceangal ri chèile agus a' cur an cèill sgilean cànan neo-fhillte
- a' cleachdadh eòlas cànan
- an comas a bhith a' tuigsinn bheachdan agus fiosrachadh nas fillte air a labhairt agus ann an sgrìobhadh
- an comas a bhith a' cur an cèill bheachdan agus fiosrachadh ann an còmhradh agus sgrìobhadh le cinnteachd theicnigeach
- sgilean litearrachd bhreithneachail
- sgilean pearsanta, eadar-phearsanta agus obair sgioba
- eòlas air dualchas chultarail na Gàidhlig agus dualchas chultarail dhaoine eile

An  
t-ionnsachadh  
òg, an  
t-ionnsachadh  
bòidheach

## DÈ AN T-EÒLAS A GHEIBH AN LEANABH AGAM TRON CHÙRSA?

- Ionnsachadh dèanadach agus neo-eisimeileach tro fhèin mheasadh agus bho cho-aoisean, a' beachdachadh air ionnsachadh, a' suidheachadh amasan, a' measadh adhartas, a' dèanamh co-dhùnaidhean neo-eisimeileach, a' cleachdadh sgeamaichean leughaidh, làraich-lìn, innealan ionnsachaidh a' cleachdadh an eadar-lìn.
- Measgachadh de dhòighean-obrach seòmar-sgoile ann an àrainn làidir foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a' cleachdadh na Gàidhlig air a labhairt agus air a sgrìobhadh bho raon de nua-shuidheachaidhean agus bho litreachas Gàidhlig iomchaidh; ag obair ann an càraidean no buidhnean; a' co-roinn ionnsachadh tro dheasbad buidhne agus clas, òrain Ghàidhlig
- ionnsachadh co-obrachail; deagh cheanglaichean riatanach ri buidhnean Gàidhlig agus a' choimhearsnachd Ghàidhlig (me air-loidhne, rèidio) a' cleachdadh na Gàidhlig fad na h-ùine
- Cothrom air pearsantachadh agus taghadh: bidh e comasach do na h-oileanaich an cuspair fhèin a thaghadh le taic bhon tidsear, airson an Obair Gnìomh
- A' cur an gnìomh ionnsachadh
- A' daingneachadh sgilean litearrachd agus àireamhachd: a' rannsachadh agus a' taisbeanadh fiosrachaidh; a' luachadh; a' deasbaireachd; ag èisteachd; a' còmhradh; sgilean ICT.

## MEASADH

- Gus Nàiseanta 5 fhaighinn, feumaidh na sgoilearan a bhith soirbheachail anns gach Aonad agus sa Mheasadh Cùrsa (Dà Phàipear-deuchainn agus Obair Gnìomh)
- Tha Aonadan air am measadh mar pas no fàilligeadh leis an sgoil/ionad (an dèidh dearbhadh càileachd on taobh a-muigh gus coinneachadh ri inbhean nàiseanta)
- Dh'fhaodadh measadh an Aonaid (no 'fianais air an ionnsachadh') a bhith air a thaisbeanadh ann an riochd didseatach no labhairteach, postairean, bileagan, sgrìobhadh leudaichte, notaichean no podcastan. Dh'fhaodadh pasgan de dh'obair a bhith air a chruinneachadh agus a bhith a' gabhail a-steach pios-obrach no pròiseact.
- Tha am Measadh Cùrsa a' gabhail a-steach dà Phàipear-deuchainn (air an ceartachadh leis an SQA, Pàipear 1 (sgilean leughaidh agus sgrìobhaidh) agus Pàipear 2 (èisteachd). Is e taisbeanadh labhairteach le ceistean an dèidh làimh a tha san Obair Gnìomh (air a mheasadh on taobh a-staigh a rèir seòlaidhean an SQA). Tha am Measadh air a rangachadh A gu D.

Tha Nàiseanta 5 a' leantainn air adhart gu Gàidhlig Àrd-ìre



Airson barrachd fiosrachaidh cùrsa:

SQA: Gàidhlig Nàiseanta 5: [www.sqa.org.uk/sqa/47412.html](http://www.sqa.org.uk/sqa/47412.html)

Foghlam Alba: [www.educationscotland.gov.uk/nationalqualifications/index.asp](http://www.educationscotland.gov.uk/nationalqualifications/index.asp)

Curraicealam airson sàr-mhathais – Faidhle Fiosrachaidh air Prìomh Phuigean:

[www.educationscotland.gov.uk/Images/CfEFactfileOverview\\_tcm4-665983.pdf](http://www.educationscotland.gov.uk/Images/CfEFactfileOverview_tcm4-665983.pdf)



the National Parent  
Forum of Scotland

[www.parentforumsotland.org](http://www.parentforumsotland.org)

[enquiries@parentforumsotland.org](mailto:enquiries@parentforumsotland.org)

[parentforumsotland](https://www.facebook.com/parentforumsotland)

[parentforumsotland](https://twitter.com/parentforumsotland)